Education Scotland
Foghlam Alba



# Plana Corporra 2021-2026

Airson luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-fhoghlaim Alba

# Clàr-innse


1. Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh is Àrd-oifigear
2. Mu Foghlam Alba – ar lèirsinn agus misean
3. Ar n-obair ann an co-theacsa
4. Ar prìomhachasan ro-innleachdail
    a. Ceannardas
    b. An Curraicealam
    c. Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh
    d. In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan
    e. An fheuma as fheàrr de fhianais
    f. Lèirsinn, luachan is dòigh-giùlain
5. Geàrr-chunntas luchd-gnìomha






## Ro-ràdh bho Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh is Àrd-oifigear



Sa Ghiblean 2019, dh'fhoillsich sinn Plana Corporra Foghlam Alba, aig an robh an t-amas a bhith a' dèiligeadh ri àm de thrì bliadhna. Nas lugha na aon bhliadhna an dèidh seo, bha Alba a' dèiligeadh ri mòr-ghlalair a bha air feadh an t-saoghail aig an robh buaidh mhòr air ar siostam foghlaim. Mar thoradh air seo, rinn sinn lèirmheas air na prìomhachasan agus na gnìomhan a bha air am planadh a bha air an cur an cèill nar Plana Corporra agus dh'fhoillsich sinn plana eadar-amail anns an t-Sultain 2020 a' cur an cèill mar a dhèanadh sinn ath-chuimseachadh air ar n-obair gus stiùir agus taic a thoirt don t-siostam.

Tha mi toilichte am Plana Corporra ùr còig-bliadhnail againn a thaisbeanadh an seo, a tha a' togail air ar plana eadar-amail agus a' cur an cèill mar a dh'obraicheas sinn a dh'ionnsaigh ar lèirsinn de bhith a' coileanadh sàr-mhathas agus cothromas airson luchd-ionnsachaidh na h-Alba, còmhla ri luchd-foghlaim na h-Alba. Tha sinn mothachail gu bheil sinn a' dol a dh'ionnsaigh àm de dh'atharrachadh san t-siostam agus ath-leasachadh eagrachais agus tha sinn dealasach mu bhith a' fantainn sùbailte, so-fhreagarrach, agus nas cudromaich na sin, àrd-mhiannach. Tha am plana seo, a bhathar a' leasachadh mus deach an ath-leasachadh air foghlam ann an Alba ainmeachadh, a' cur an cèill ar prìomhachasan mionaideach airson na h-ath bhliadhna agus an t-slighe a tha sinn a' beachdachadh a ghabhas buidhnean a tha ann an-dràsta agus feadhainn a thig an dèidh seo thar nan ceithir bliadhna an dèidh seo.



Tha sinn a' creidsinn gun dèan am plana seo e comasach dhuinn leantainn oirnn ag adhartachadh agus a' tabhann stiùir agus taic neo-cho-shìnte do luchd-cleachdaidh, agus feadhainn eile, gus am bi e comasach dhaibh taic nas fheàrr a thoirt do luchd-ionnsachaidh na h-Alba. Ag obair còmhla ri ar luchd-obrach agus ar luchd-ùidh, tha sinn air ar prìomhachasan ro-innleachdail a chomharrachadh mar:

- Ceannardas an t-siostaim
- An curraicealam
- Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh
- In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan
- Am feum as fheàrr de fhianais
- Lèirsinn, luachan is dòigh-giùlain

Sna duilleagan a leanas is urrainn dhuibh barrachd a leughadh mun dòigh sam bi sinn a' lìbhrigeadh gach aon de na prìomhachasan sin agus, airson gach fear dhiubh, na raointean air am bi sinn a' cuimseachadh.

Tha a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le ar luchd-ùidh a riamh air a bhith na phàirt chudromach de fheallsanachd Foghlam Alba, agus leanaidh sinn oirnn a' dol an sàs le, ag obair còmhla ri agus a' toirt taic don t-siostam. Air a ghabhail a-steach ann an seo tha ar dealas a bhith a' toirt urram do, a bhith a' dìon agus ag àrdachadh chòraichean chloinne agus dhaoine òga.

Bha mi air leth pròiseil an uair, sa Mhàrt 2021, chuir Riaghaltas na h-Alba bile troimhe gus an UNCRC a thoirt a-steach dhan lagh. Tha mi a-riamh air a bhith dìoghrasach mu bhith ag obair le daoine òga agus tha mi a' coimhead air adhart ri barrachd den eadar-obrachadh sin thairis air na mìosan agus na bliadhnaichean ri thighinn.

Fhad 's a tha sinn a' gluasad air adhart, tha mi a' faicinn gur e am prìomh dhreuchd a tha againn aig Foghlam Alba a bhith a' toirt taic do chlann agus daoine òga agus dhan fheadhainn a tha an sàs san fhoghlam aca. Tha sinn a' creidsinn gu bheil sinn a' cluich pàirt chudromach anns a' chlàr-obrach leasachaidh agus gum bi buaidh dheimhinneach againn air builean nan daoine òg. Tha seo mar thoradh, ann am pàirt air, ar comas a bhith a' togail ar comas-thar an t-siostaim. Tha sinn a' cuimseachadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Foghlam Alba a' toirt taic do luchd-cleachdaidh gus a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach modhan-obrach a dh'aon-ghnothaich, ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd, agus ceannardas siostam.

Chan eil teagamh sam bith nach e amannan doirbh a tha air a bhith ann dhan h-uile neach. Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail airson a ràdh cho pròiseil agus a tha mi den luchd-obrach aig Foghlam Alba. Còmhla, agus thar na dùthcha, tharraing sinn còmhla agus rinn sinn mar a b' fheàrr a b' urrainn dhuinn airson clann agus daoine òga na h-Alba. Tha a bhith a' gabhail ri atharrachadh mar phàirt de chultar Foghlam Alba agus leanaidh sinn oirnn a' dèanamh sin. Tha mi misneachail gun cuidich am Plana Corporra seo sinn a bhith a' freagairt ann an dòigh chothromach, iomchaidh agus dheimhinneach, thar na bliadhna a tha romhainn agus nas fhaide air adhart na sin.

**Gayle Gorman**
Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam




## Mu Foghlam Alba

Is e Foghlam Alba am buidheann leasachaidh nàiseanta airson foghlam ann an Alba. Chaidh ar stèidheachadh anns an Iuchair 2011 mar Bhuidheann Gnìomha do Riaghaltas na h-Alba fo chumhaichean Achd na h-Alba 1998. Tha Ministearan na h-Alba air uallach a chur oirnn a bhith a' toirt taic do chàileachd agus leasachadh foghlam ann an Alba agus mar sin a bhith a' daingneachadh lìbhrigeadh de fhèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh agus builean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh aig a h-uile aois. Gus na h-amasan sin a choileanadh, bidh sinn ag obair sna dòighean a leanas thar nan earrannan foghlaim, agus aig ìrean nàiseanta, roinneil, ionadail agus ionad:

- a' tabhann ionnsachadh agus ceannardas proifeasanta;
- a' tabhann taic leasachaidh, a' gabhail a-steach aghaidh ri aghaidh agus stòrasan didseatach;
- a' dèanamh sgrùdadh neo-eisimeileach on taobh a-muigh, a' gabhail a-steach sgrùdadh agus lèirmheas;
- a' rianachd leasachadh stòrasan nàiseanta didseatach, a' gabhail a-steach Glow, ar n-ùrlar ionnsachaidh air-loidhne, a tha a' tabhann àrainn shàbhailte do luchd-foghlaim, luchd-ionnsachaidh agus pàrantan a bhith a' conaltradh agus a' co-obrachadh;
- a bhith a' tabhann comhairle poileasaidh neo-eisimeileach do Mhinistearan agus seirbheisichean catharra, fiosraichte leis an fhianais againn.

Tha an dreuchd againn a' ciallachadh gu bheil sinn, a thuilleadh air a bhith a' toirt taic don t-siostam agus a' cruinneachadh fianais mu mar a tha an siostam ag obair, cuideachd a' toirt seachad anailis proifeiseanta agus a' mìneachadh raon farsaing de dhàta co-cheangailte ri foghlam ann an Alba. Gu brìghmhor, tha sinn a' cur ri luach foghlam na h-Alba le bhith a' dèanamh ciall den t-siostam air fad. Mar am Buidheann Gnìomha a tha a' toirt taic do chàileachd agus leasachadh foghlam na h-Alba, is e an dreuchd a tha againn aig a' cheann thall a bhith a' lìbhrigeadh fèin-fhiosrachaidhean agus builean nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh na h-Alba den h-uile aois.

Tha ar n-inbhe mar Bhuidheann Gnìomha a' ciallachadh gum bi sinn ag obair gu neo-eisimeileach agus gu neo-phàirteach, ach a' fantainn cunntachail do Mhinistearan na h-Alba airson inbhean ar n-obair. Tha an inbhe seo a' barantachadh neo-eisimeileachd sgrùdadh, lèirmheas agus aithriseadh taobh a-staigh na co-theacsa san fharsaingeachd den Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta.



Gach bliadhna, bidh an Àrd Neach-sgrùdaidh ag aontachadh sgèile agus prìomhachasan a' phrògram sgrùdaidh agus rannsachaidh ann an co-aonta ri Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean. Faodaidh Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean cuideachd gnìomh sònraichte sgrùdaidh agus rannsachaidh a choimiseanadh.

Chaidh stad car ùine a chur air a' phrògram bliadhnail de sgrùdadh agus rannsachadh air 16 Màrt 2020 mar thoradh air COVID-19. Chaidh stad car ùine a chur air a' phrògram gus leigeil le stèidhean foghlaim taic a thoirt do luchd-obrach agus co-obraichean, luchd-ionnsachaidh agus a' choimhearsnachd ionadail, agus a bhith a' cumail an seirbheisean a' dol gun an uallach a bharrachd a thaobh a bhith ag ullachadh airson sgrùdadh.

Gabhaidh Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim na Banrigh ri modh-obrach mean air mhean gus tòiseachadh gnìomh sgrùdaidh tron bhliadhna acadaimigeach seo.

An toiseach, bidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' dol an sàs le stèidhean agus seirbheisean a bha gu bhith a' faighinn sgrùdadh eile. Tadhlaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh aig amannan air am planadh ro làimh le ùghdarrasan ionadail agus stèidhean. Bidh na h-amannan tadhail sin air am planadh agus air an coileanadh ri dheireadh 2021. Bidh cuimse shònraichte air conaltraidhean le luchd-stiùiridh agus luchd-obrach mu bhuaidh a' mhòr-ghalair agus na gnìomhan a tha an sgoil air a choileanadh agus a' cumail oirre a' coileanadh gus taic a thoirt do ath-shlànachadh agus leasachadh. Bruidhnidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ris an luchd-obrach mun adhartas a thaobh nan raointean airson leasachadh a chaidh an comharrachadh bho ghnìomh sgrùdaidh a chaidh a dhèanamh ron seo. An dèidh seo, foillsichidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh aithisg.

Bhon Fhaoilleach 2022, gabhaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh prògram de shuidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne agus sgrùdaidhean sgoile. Leanaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh orra a' gabhail a-steach a bhith a' faighinn thairis air COVID-19 agus an co-theacsa sa bheil stèidhean agus àitean air a bhith ag obair, cho math ri bhith a' toirt fianais airson Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

Nì Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cuideachd sgrùdaidhean nàiseanta co-cheangailte ri cuspair. Tha an fheadhainn a thathar a' planadh aig an àm seo a' cuimseachadh air a bhith a' toirt taic do shunnd chloinne agus dhaoine òga, modhan-obrach ionadail airson faighinn thairis air; agus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh.

Tha leasachaidhean san earrann foghlaim a' toirt buaidh air a' choimhearsnachd nas fharsainge. Tha sinn a' dol an sàs gu gnìomhach le slàinte, seirbheisean sòisealta agus com-pàirtichean eile airson seirbheisean amalaichte a thabhann gus sunnd agus cothroman luchd-ionnsachaidh a leasachadh.

Bha Foghlam Alba a' fastadh 369 luchd-obrach (348.72 Mar Làn-ùine) aig 31 Màrt 2021.

## Ar lèirsinn agus misean

**Ar lèirsinn** a bhith a' coileanadh sàr-mhathas agus cothromas airson luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim na h-Alba.

**Ar misean** a bhith ag obair ann an com-pàirteachas leis gach neach-ùidh a tha an sàs ann am foghlam na h-Alba gus leasachadh seasmhach a dhaingneachadh ann an coileanadh agus buileachadh airson gach neach-ionnsachaidh, a' dùnadh a' bheàrn co-cheangailte ri bochdainn, agus a' faighinn chinn-uidhe dheimhinneach agus seasmhach airson a h-uile neach-ionnsachaidh, a dh'aindeoin an aois agus far a bheil an ionnsachadh a' gabhail àite.4

**Ar n-adhbhar** a bhith a' toirt taic agus a' cumhachdachadh luchd-foghlaim a bhith a' tabhann nam fèin-fhiosrachaidhean agus nam builean as fheàrr as urrainn do luchd-ionnsachaidh na h-Alba. Tha sinn ag àrdachadh leasachadh thar an t-siostaim foghlaim air fad gus neo-chothromas a lùghdachadh agus cothroman beatha a mheudachadh gu làn ìre.

**Ar n-amas** airson 2021/22 a bhith a' sesamh ri taobh a' phroifeisein, ag obair gu sùbailte agus gu co-obrachail còmhla riutha gus taic a thoirt do ath-shlànachadh, càileachd, agus leasachadh ann am foghlam na h-Alba. Daingnichidh seo lìbhrigeadh de fhèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh nas fheàrr, agus sàr-mhathais agus co-ionannachd, airson luchd-ionnsachaidh na h-Alba.

**Ar dealas** – ann an 2021/22 bidh buaidh aig molaidhean lèirmheas OECD a chaidh an ainmeachadh anns an Ògmhios 2021 air obair Foghlam Alba. Tha Foghlam Alba deiseil airson a bhith ag obair còmhla ris an An Àrd-Ollaimh Ken Muir air mar as urrainn do Fhoghlam Alba, agus an siostam nas fharsaing, atharrachadh gu bhith nan sgàthan nas fheàrr air feumalachdan luchd-ionnsachaidh. Tha sinn deiseil airson a bhith sùbailte agus dèiligeadh ri atharrachadh mar a bhios feum air.

Bidh sinn ag obair gu co-obrachail thar ES agus còmhla ris na buidhnean ùidh le:

- **treibhdhireas** – we deliver on promises and role model our values;
- **spèis** – bidh sinn a' toirt spèis do chàch a chèile, ag obair mar aon sgioba agus a' cur luach air seallaidhean fa leth;
- **cruthachaileas** – tha sinn feòrachail, bidh sinn a' gabhail ri atharrachadh agus a' sireadh fuasglaidhean cruthachail;
- **sàr-mhathas** – bidh sinn ag obair gu na h-inbhean as àirde, a' toirt bauidh le creideas agus ag ionnsachadh bho na fèin-fhiosrachaidhean againn.

Mar Bhuidheann Gnìomh de Riaghaltas na h-Alba, bidh sinn ag obair gu dlùth còmhla ri ar co-obraichean poileasaidh thar an riaghaltais. Tha sinn a' tabhann comhairle proifeiseanta agus ealantas gus cur ri leasachadh poileasaidh thar an earrann foghlaim bho thràth ionnsachadh agus cùram chloinne troimhe gu foghlam aig an treas ìre. Tha an fhianais agus an tuigse againn, air a chruinneachadh tro ghnìomh sgrùdaidh agus tro obair com-pàirteachais nàiseanta agus roinneil còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus solaraichean foghlaim eile air a luachadh gu mòr le Ministearan na h-Alba. Thar 2020-21 tha sinn air dreuchd ceannardais cudromach a chluich ann a bhith a' leasachadh planaichean foghlaim nàiseanta leantainneach agus tuiteamach. Leanaidh sinn oirnn a' dèanamh seo sa bhlaidhna a tha romhainn, ag obair le com-pàirtichean eile air an Ro-innleachd Ath-shlànachadh Foghlaim nàiseanta COVID-19.

Tha a h-uile càil a tha sinn a' dèanamh air a dheilbh gus cur ri adhbhar nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachail le cothroman do na h-uile a bhith a' fàs tro mheudachadh ann an sunnd, agus cinneas eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach.
economic growth. Tha ar n-obair ann am meudachadh càileachd, èifeachdas agus co-ionannas ann am foghlam a' cur ris na Builean Nàiseanta a leanas.

Gu bheil daoine:

- a' fàs suas gràdhaichte, sàbhailte agus le spèis gus an ruig sinn ar làn chomas;
- air an deagh oideachadh, sgileil agus comasach cur ris a' chomann;
- a' dèiligeadh ri bochdainn le bhith a' co-roinn chothroman, beairteas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionann;
- gnothachasan soirbheachail agus ùr-ghnàthasach, le obraichean de dh'àrd-chàileachd agus obair chothromach do na h-uile;
- a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, air an cumhachdachadh, ath-leumach agus sàbhailte;
- urram, dìon agus a' coileanadh còraichean daonna agus a bhith beò saor bho leth-bhreith.

**Nì sinn cinnteach cuideachd gum bi ar co-obraichean a' tuigsinn an dreuchd a tha aca ann a bhith a' cur ri Ann an Seirbheis na h-Alba, a tha a' cur an cèill Misean, Lèirsinn agus Luachan luchd-fastaidh Riaghaltas na h-Alba air fad**

# Ar n-obair ann an co-theacsa



## COVID-19

Ttha buaidh gun ro-shampall aig mòr-ghalair COVID-19 a' toirt dhuinn co-theacsa far a bheil feum leantainneach air a bhith a' cuimseachadh air feabhas thairis air an t-siostam foghlaim ann an Alba. San t-Samhain 2020 dh'fhoillsich sinn ar Plana Feabhais a bha a' cur an cèill:

- an dreuchd comhairleachaidh shusbainteach nàiseanta a tha againn a thaobh feabhas foghlaim;
- an dreuchd a a tha aig ar luchd-obrach ann a bhith a' tabhann comhairle, a' sgrùdadh agus a' co-thàthadh tuigse gus fiosrachaidh a chur ri co-dhùnaidhean Mhinisteireil;
- Lèirmheas de ar prìomhachasan agus gnìomh planaichte gus taic a thoirt do fheabhas agus;
- Mar a stiùireadh agus a bheireadh sinn taic don t-siostam tron fheabhas.

Tha na prìomhachasan air an cur an cèill sa Plana Corporra ùr seo a' dearbhadh an dealais sin airson feabhas airson 2021-22 agus nas fhaide na sin. Tha na prìomhachasan ro-innleachdail ùra againn ag aithneachadh an fheum a tha ann cunntas a ghabhail de dh'atharrachadh cruinneil mòr.

## Ath-shlànachadh Foghlaim Prìomh Ghnìomhan agus Ath-cheumannan

### Tabhartas an fhoghlaim ri Ath-shlànachadh na h-Alba an dèidh COVID

Tha buaidh chudromach gu bhith aig na molaidhean a chaidh a shònrachadh anns na molaidhean ann an lèirmheas OECD, air an obair againn is sinn a' gluasad air adhart. Tha sinn dealasach mu bhith ag obair còmhla ris an An Àrd-Ollaimh Ken Muir air mar as urrainn do Fhoghlam Alba, agus an siostam nas fharsaing, atharrachadh gu bhith nan sgàthan nas fheàrr air feumalachdan luchd-ionnsachaidh. Tha sinn nar buidheann a tha sùbailte agus dèiligeadh ri atharrachadh agus tha sin mar phàirt de ar cultar. mar a bhios feum air. Tha am Plana Corporra seo Plana Corporra seo ar suidheachadh gus a bhith a' freagairt ann an dòigh chothromach, iomchaidh agus dheimhinneach.

Tha ar prìomhachasan ro-innleachdail a' cuimseachadh air builean a tha sinn a' meas a bhios air an coileanadh le buidhnean a tha ann an-dràsta no a bhios ann thar nan ath chòig bliadhna den phlana. Tha sinn cuideachd a' cur an cèill ar prìomhachasan geàrr-ùine (aon bhliadhna) gus dèanamh cinnteach gun lean ar n-obair le cuimse tron àm lèirmheis.

## Am Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta

Tha am Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta a' leantainn air adhart mar bhun-stèidh ar n-obair a bhith a' gluasad leasachadh air adhart thairis air foghlam ann an Alba. Tha am frèam-obrach ag amas a bhith:

- a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachail;
- a' toirt cothroman do gach neach a tha a' fuireach ann an Alba;
- a' meudachadh sunnd nan daoine a tha a' fuireach ann an Alba;
- a' cruthachadh fàs seasmhach agus in-ghabhalach.

Tha e ag amas a bhith a' lùghdachadh neo-ionnanasan agus a' toirt cudromas co-ionann do dh'adhartas eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta.

## Am Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta

Tha an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta (Dùbhlachd 2020) a' cur an cèill nam prìomh phoileasaidhean foghlaim a tha mar gheimhleagan airson a bhith a' coileanadh nan amasan tar-ruigheach den Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta:

- An Curraicealam airson Sàr-mhathas
- Ceartas do Gach Pàiste
- Leasachadh an Sgioba-obrach Òg
- Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba

Ged a tha na h-amasan bunaiteach de gach fear de na prìomh phoileasaidhean sin airson foghlam na h-Alba a' buntainn rinn ann an 2021-22, tha buaidh COVID-19 air cùisean ùra a thoirt a-steach, fianais ùr agus breithneachadh ùr mun dòigh as fheàrr air leasachadh a dhèanamh.

Tha an saoghal air atharrachadh ri linn a' mhòr-ghalair agus fad bliadhna, tha clann, daoine òga agus an teaghlaichean air foghlam fhiosrachadh ann an dòighean nach do bheachdaich a-riamh air. Airson mòran luchd-oideachaidh is e seo an t-àm as dùbhlanaich a bha aca a-riamh nan cuid obrach, agus airson mòran chloinne agus dhaoine òga is e seo an t-àm a bu dùbhlanaich a bha aca nam beatha chun seo, gu h-àraidh dhaibhsan as so-leònte agus/no as ana-cothromaichte.

Tha am prìomhachas de chur an sàs poileasaidh airson Riaghaltas na h-Alba am bliadhna a' gabhail a-steach:

- ath-thriall ùr de Dhùbhlan Coileanaidh na h-Alba
- aithris ùr mun Churraicealam airson Sàr-mhathas - Curraicealam na h-Alba;
- obair gus ath-bheòthachadh a dheanamh air an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta.
- sgaoileadh leantainneach de leudachadh tràth ionnsachadh agus cùram chloinne;
- cur an sàs dreuchd ùr Tidsear Stiùiridh;
- A' gabhail a-steach nam molaidhean aig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba san Lèirmheas de Phongalachd agus Seasmhachd ann am Foghlam aig an Treas Ìre .

Feumaidh an obair seo air fad a bhith air a thoirt air adhart gu sgiobalta, tro cho-obrachadh le ar luchd-com-pàirt thairis air foghlam na h-Alba agus a rèir an Ro-innleachd Ath-shlànachadh Foghlaim.

## Aithisg Buidheann-sgrùdaidh na h-Alba

Tha an aithisg aig Buidheann-sgrùdaidh na h-Alba A' Leasachadh builean foghlaim do dhaoine òga tro fhoghlam sgoile, (Màrt 2021) a' cur cudrom air an fheum a tha ann airson meudachadh air co-obrachadh thar an t-siostaim air fad, airson dùblachadh a thoirt air falbh agus dèiligeadh ris a' chaochladh ann am builean airson luchd-ionnsachaidh thar Alba gus ath-shlànachadh agus ath-leasachadh a mheudachadh.



## Co-ionannachd

Tha co-ionannachd mar phàirt riatanach de ghnothachas Riaghaltas na h-Alba. Tha dleastanas co-ionannachd an earrainn phoblaich a' cur riatanas air Foghlam Alba a bhith a' toirt spèis iomchaidh nar poileasaidhean, reachdas agus gnìomhan do bhith a' cur às do leth-bhreith mì-laghail, a bhith a' cur air adhart co-ionannas cothruim agus a bhith ag altram deagh chàirdeasan eadar daoine le feartan diofraichte a tha air an dìon, cho math ri feadhainn a tha ana-cothromaichte tro bhochdainn.

Tha Foghlam Alba a' tighinn gu co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh air beatha a h-uile neach a tha nar coimhearsnachdan agus tha e mar sin cudromach gum beachdaich sinn air buaidh co-ionannachd ga nì a bhios sinn a' dèanamh. Cumaidh Foghlam Alba air adhart a bhith na phrìomh thabhartaiche a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh Builean Co- ionannachd Riaghaltas na h-Alba 2021-25, mar a tha air a chur an cèill san Aithisg Prìomh Shruth 2021 agus sgrìobhainnean taic.

## Bile Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC)

Is e an UNCRC an 'inbhe òr' thar an t-saoghail airson còraichean chloinne. Tha e a' dèiligeadh ris a h-uile taobh de bheatha leanaibh, agus a' cur an cèill nan còraichean sìobhalta, poilitigeach, eaconamach, sòisealta agus cultarail air a bheil còir aig clann air fad ann an àite sam bith.

Sa Mhart 2021 dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ri bile gus an UNCRC a thoirt dhan lagh. Nì seo e mì-laghail do bhuidhnean poblach, a' gabhail a-steach Foghlam Alba, a bhith a' coileanadh ann an dòigh neo-chòrdail ri riatanasan an UNCRC. Ma bhios iad a' dèanamh sin, faodaidh clann, daoine òga agus an riochdairean na cùirtean a chleachdadh gus an còraichean a dhaingneachadh. Tha riatanas ann cuideachd a bhith a' lìonadh a-steach Measaidhean Buaidh Chòraichean agus Sunnd Chloinne agus a bhith a' leigeil le clann agus daoine òga a bhith an sàs ann an leasachadh poileasaidh.

Leanaidh Foghlam Alba air adhart a bhith a' toirt urram do, a bhith a' dìon agus ag àrdachadh chòraichean chloinne agus dhaoine òga taobh a-staigh na buidhne agus nar dol an sàs le luchd-ùidh.

## Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte

Tha Àrd-choinneimh na Gnàth-shìde aig na Dùthchannan Aonaichte COP26, a tha gu bhith air a cumail ann an Alba san t-Samhain 2021, a' toirt cothrom air leth dhuinn a bhith a' beachdachadh air a' cho-theacsa poileasaidh nas fharsainge airson curraicealam na h-Alba. Is iad an dà dhùbhlan de èiginn na gnàth-shìde agus an suidheachadh bagarrach a thaobh bith-iomadachd cruinneil a bhios mar na dùbhlain deimhinneach san 21mh linn.

Tha Riaghaltas na h-Alba air Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte a chur aig cridhe ar Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta agus tha amasan làidir ann a thaobh a bhith a' lùghdachadh gasaichean taigh-gloinne, a' dìon nàdair, ag adhartachadh an eaconamaidh cearcallach agus obraichean uaine. Tha Ionnsachadh airson Seasmhachd, mar chòir do gach neach-ionnsachaidh sa Churraicealam airson Sàr-mhathas, air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta agus tha e a' toirt dhuinn bun-stèidh làidir air am faod sinn togail.



# Ar Prìomhachasan Ro-innleachdail



Tha ar prìomhachasan ro-innleachdail, a tha air am mìneachadh gu h-ìosal, air a bhith air an leasachadh an co-bhoinn ri ar luchd-obrach agus ar luchd-ùidh gus a bhith mar sgàthan air na prìomhachasan làithreach airson foghlam na h-Alba.

Tha a bhith a' cleachdadh teicneòlasan didseatach ann am foghlam nas cudromaich na bha e a-riamh roimhe agus bidh iad a' cluich pàirt eadhoin nas motha nar n-obair, agus ann am foghlam na h-Alba san àm ri teachd. Chan eil didseatach air ainmeachadh gu soilleir sna prìomhachasan ro-innleachdail oir bidh didseatach air a leapachadh anns gach taobh de ar n-obair san àm ri teachd.
Bidh seo a' gabhail a-steach:

- ar dealas a thaobh Glow;
- An Tairgse e-Ionnsachadh Nàiseanta san àm ri teachd;
- ionnsachadh proifeiseanta ann an ceannardas didseatach, eòlasan-teagaisg agus modh-obrach measaidh;
- dreuchd in-ghabhaltas didseatach, sunnd agus co-ionnanas;
- a bhith a' cleachdadh innealan agus seirbheisean didseatach ann a bhith a' deilbh curraicealaim agus a' cleachdadh fianais;
- teicneòlasan didseatach gus cur ri leasachadh na buidhne againn fhèin.

Mar an ceudna, ged a tha prìomhachas sònraichte againn a thaobh In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan, tha na cuspairean sin air an leapachadh sa h-uile nì a tha sinn a' dèanamh gus a bhith a' daingneachadh sunnd, coileanadh fad-beatha agus faireachdainn de luach fa leth agus coitcheann.

Is iad na sia prìomhachasan againn:

- Ceannardas Siostaim
- An Curraicealam
- Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh
- In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan
- Am feum as fheàrr de fhianais
- Lèirsinn, luachan is dòigh-giùlain

Tha mion-fhiosrachadh mu gach fear de na prìomhachasan sin air am mìneachadh gu h-ìosal.

# Ceannardas siostaim



**Buil:** Tha e comasach do luchd-stiùiridh a bhith ag obair ann an dòigh èifeachdach ann an suidheachaidhean de dh'àrd mhì-chinnt agus im-fhillteachd.

**Amas:** Gus co-ghnìomh a leasachadh air cùisean im-fhillte siostamach.

---

**Tro 2021/22 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air:**

- lìbhrigeadh de: chùrsaichean ionnsachadh proifeiseanta A Dh'ionnsaigh Ceannardas, Do Cheannardas, Ann an Ceannardas, Sàr-mhathas ann an Ceannardas, Ceannardas sa Mheadhan agus Ceannardas Thidseir;
- a' leasachadh Catalog Ionnsachadh Proifeiseanta, mar phàirt de ar Prògram Cruth-atharrachail;
- ag obair gu co-obrachail ann a bhith a' tabhann ionnsachadh proifeiseanta gus taic a thoirt do leasachaidhean curraicealaim airson ceannardan sgoile;
- a' tabhann taic eòlas-teagaisg do raon de luchd-oideachaidh;
- a' tabhann taic do thidsearan Mion-shluagh Cinnidheach (ME) tro choidseadh agus meantoradh;
- a' tabhann cothrom airson taic slàinte agus sunnd do luchd-obrach sgoile;
- a' tabhann co-ionannachd cinnidh, anti-cinneadachd agus taic co-ionannachd nas fharsainge do luchd-oideachaidh thar Alba, ag obair le raon de chom-pàirtichean agus luchd-ùidh;
- a' tabhann taic a dh'aon ghnothaich do sgoiltean, an com-pàirtichean agus sgiobaidhean ùghdarrais ionadail, gus leasachaidhean a thoirt air ceannardas, ionnsachadh, teagasg agus measadh, an curraicealam, an fheum as fheàrr de fhianais, agus co-ionannachd, cothromas, sunnd agus in-ghabhaltachd thar gach ìre bho 3-18;
- a' neartachadh seasmhachd tro bhith a' leasachadh cceannardas agus eòlas-teagaisg airson cothromas;

---



### Thar an ama de chòig bliadhna cuimsichidh ar n-obair san raon seo air a bhith:

- ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' tuigsinn ceannardas siostaim gu soilleir agus gu bheil taic air a leasachadh;
- a' co-chruthachadh agus a' tabhann comas togail airson Ceannardas Siostaim airson co-obraichean thar an t-siostaim, a' gabhail a-steach luchd-obrach Foghlam Alba;
- a' dol an sàs ann an ùr-ghnathachasan agus rannsachadh, probhadh agus sgrùdadh mar a bhios sinn a' gluasad air adhart;
- a' toirt taic do ro-innleachdan airson tuilleadh co-obrachaidh air cùisean iom-fhillte agus siostamach;
- ag altram cultar de cho-cheannardas thar siostam an fhoghlaim;
- a' toirt taic do bhith a' leasachadh àitean coinneachaidh airson coimhearsnachdan de luchd-foghlaim gus a bhith a' togail càirdeasan earbsach ann a bhith a' toirt taic do dh'atharrachadh agus leasachadh;
- a' brosnachadh tuigse de na prìomh phrionnsabalan de shealladh siostaim, a' gabhail a-steach breithneachadh, iom-fhillteachd agus atharrachadh siostaim.

### Mu 2025 is e ar n-amas gum bi:

- astar agus leasachadh nas luaithe mar bhuil de thaic ceannardais;
- pongalachd meudaichte thairis air suidheachaidhean agus ùghdarrasan;
- builean àrdaichte do luchd-ionnsachaidh;
- càirdeasan nas earbsach, taiceil agus co-obrachail;
- co-obrachadh àrdaichte and amasaichte;
- fianais de chumhachdachadh agus ceannardas siostam aig a h-uile ìre san t-siostam;
- cultar fèin-sheasmhach de cheannardas siostaim.

### Ciamar a thomhaiseas sinn seo?

### KPIan:

- àireamh agus suidheachadh luchd-com-pàirt ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta;
- an co-rèir de luchd-com-pàirt ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta; a' clàradh meudachadh ann am mothachadh, tuigse, eòlas agus sgilean;
- àireamh luchd-com-pàirt an sàs ann am meantoradh agus coidseadh;
- an àireamh de dhaoine a tha a' soighneadh suas agus luchd-tadhail fa leth gu làrach-lìn PLL.

### Bidh tomhasan eile a' gabhail a-steach:

- inbhean leasaichte ann an ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas, air fhianaiseachadh le fianais bho sgoiltean, ùghdarras ionadail agus sgrùdadh;
- inbhean leasaichte mu cho math 's a tha ceannardas a' toirt taic do chàileachd agus leasachaidhean, fianais tro àireamh meudaichte de shuidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne agus sgoiltean far a bheil ceannardas de dh'atharrachadh air fhianaiseachadh mar 'math' no nas fheàrr na sin;
- an àireamh de choimhearsnachdan siostam ceannardais agus lìonradhan foirmeil agus neo-fhoirmeil;
- an co-roinn de luchd-com-pàirteachaidh ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta a tha ag aithris gu bheil e coltach gun cuireadh iad siostam ionnsachadh ceannardais a chur an sàs.

# Curraicealam



**Buil:** Tha leasachadh agus làidir, seasmhach agus so-fhreagrach, agus mar thoradh air seo tha builean leasaichte do luchd-ionnsachaidh.

**Amas:** Obraichidh sinn le com-pàirtichean gus deilbh agus leasachadh curraicealaim a neartachadh. Tha cleachdadh de mhodh-obrach curraicealaim air leth èifeachdach air a mhìneachadh gu soilleir, agus air a thuigsinn airson co-theacsan agus suidheachaidhean ionadail.

**Tro 2021/22 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air a bhith:**

- a' co-obrachadh le com-pàirtichean tro raon de ghnìomhan leasachaidh proifeiseanta gus deilbh agus leasachadh curraicealaim a neartachadh;
- a' co-obrachadh le com-pàirtichean gus ro-innleachdan a shònrachadh, a leasachadh agus adhartachadh airson ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-chàileachd a tha àrd-mhiannach agus a' coimhead air adhart (a' gabhail a-steach leasachadh sgilean);
- a' toirt taic do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a bhith a' lìbhrigeadh a rèir an dleastanasan airson raon de thùs-amasan leasachaidh nàiseanta a' gabhail a-steach litearrachd, àireamhachd & matamataig, Gàidhlig, STEM, cruthachaileachd, a' leasachadh co-chothromachd gnè agus obair leantainneach gus nua-chànanan 1+2 a leapachadh agus leasachadh an sgioba-obrach òg;
- ag obair ann an com-pàirteachas le lìonradhan cuspair ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do leasachaidhean ann am builean do luchd-ionnsachaidh air feadh uile raointean a' churraicealaim (a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do Phlanadh, Ionnsachadh, Teagasg, Measadh agus Co-mheasadh);
- ag obair le raon de chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan agus cothroman a thàinig bho COP26 air an cleachdadh gus luathachadh adhartas ann a bhith a' leapachadh Ionnsachadh airson Seasmhachd;
- a' cumail suas agus a' leasachadh ceanglaichean poileasaidh eadar-nàiseanta, gu sònraichte co-cheangailte ris a' churraicealam, in-ghabhaltas, ionnsachadh, teagasg agus measadh (a' gabhail a-steach OECD2030, CIDREE agus Lìonra Luchd-dèanamh Poileasaidh Cruinneil Salzburg);
- a' stiùireadh leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromas air a leapachadh ann an ionnsachadh agus teagasg thar raointean a' churraicealaim air fad tro ar n-obair com-pàirteachais eadar sgiobaidhean leasachaidh ionadail agus ùghdarrasan ionadail.




**Thar nan còig bliadhna a tha romhainn cuimsichidh ar n-obair san raon seo air a bhith:**

- ag obair le suidheachaidhean tràth-bhliadhnaichean, sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail gus feumalachdan ionadail a chomharrachadh agus a thuigsinn;
- a' toirt taic agus, mar a bhios feum air, a bhith a' comasachadh coimhearsnachdan de mhodh-obrach;
- ag obair le coimhearsnachdan de mhodh-obrach gus cànan co-roinnte a chruthachadh agus tuigse den churraicealam airson taic a thoirt do chunbhalachd san fhiosrachadh.
- a' comharrachadh na tha ag obrachadh ann an deilbh curraicealaim gus conaltradh proifeiseanta a bhrosnachadh agus leasachadh adhartachadh;
- a' leasachadh ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd mun churraicealam;
- a' cluich prìomh dhreuchd ann a bhith a' cur an sàs molaidhean a' churraicealaim de Lèirmheas OECD;
- a' cleachdadh an Aithris Ùir gus adhartachadh agus taic a thoirt do bhreithneachadh mu Churraicealam na h-Alba Ùr.

**Mu 2025 is ar n-amas gum bi:**

- ionnsachadh proifeiseanta mu dheilbh curraicealaim air fhiosrachadh le fianais agus gu bheil rannsachadh ann an àite;
- luchd-com-pàirteachaidh ann an ionnsachadh proifeiseanta ag aithris gu bheil e air buaidh a thoirt air an ceannardas agus am modh-obrach;
- suidheachaidhean agus sgoiltean a tha a' cur feum air agus air taic iarraidh co-cheangailte ri deilbh curraicealaim ag aithris ìre àrd de riarachas co-cheangailtte ris na builean;
- gum bi co-dhiù aon choimhearsnachd airson luchd-foghlaim a thaobh curraicealam anns gach co-obrachadh roinneil le com-pàirtichean a tha ag aithris mu ìrean àrda de riarachas a thaobh a' bhuaidh air an ceannardas agus modh-obrach;
- fianais ann gu bheil grunnan de choimhearsnachdan neo-fhoirmeil an sàs ann an curraicealam ann an àite agus soirbheachail.

**Ciamar a thomhaiseas sinn seo? KPIan:**

- meudachadh san àireamh de luchd-com-pàirt an sàs ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta a' cuimseachadh air Deilbh Curraicealaim fiosraichte le fianais agus rannsachadh;
- meudachadh sa cho-roinn de luchd-com-pàirt an sàs ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta a tha ag aithris gu bheil iad buailteach ionnsachadh mu dheilbh curraicealaim a chur an sàs nam modh-obrach, an dèidh sin a' leasachadh builean luchd-ionnsachaidh;
- meudachadh san àireamh de dhol an sàs le Foghlam Alba a thaobh stuthan taic, stiùireadh agus stòrasan Deilbh Curraicealaim.

**Bidh tomhasan eile a' gabhail a-steach:**

- inbhean leasaichte ann an deilbh curraicealaim airson luchd-ionnsachaidh, air fhianaiseachadh tro sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus fianais bho sgrùdadh;
- fianais de mheudachadh ann an eòlas, misneachd, tuigse agus sgilean neach-cleachdaidh a thaobh deilbh curraicealaim;
- meudachadh san àireamh de dh'iarrtasan/dol an sàs bho sgoil, ùghdarras ionadail agus roinn/sgìre co-cheangailte ri Deilbh Curraicealaim;
- an àireamh de choimhearsnachdan deilbh agus lìonradhan foirmeil agus neo-fhoirmeil;
- fianais de mheudachadh ann an suidheachaidhean tràth-bhliadhnaichean, sgoiltean agus/no ùghdarrasan ionadail a' lìbhrigeadh an tùs-amasan leasachaidh nàiseanta.

# Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh



**Buil:** A' chlann agus na daoine òga air fad a' meudachadh an soirbheachasan agus an coileanaidhean.

**Amas:** Gus comharrachadh, leasachadh agus adhartachadh ro-innleachdan airson ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-chàileachd a tha àrd-mhiannach agus a' coimhead air adhart.

**Tro 2021/22 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air a bhith:**

- a' tabhann taic do dh'ùghdarrasan ionadail, sgoiltean agus com-pàirtichean a bhith mothachail de, agus coinneachadh ris, na h-uallaichean aca a thaobh riatansasan ùra an UNCRC, a' gabhail a-steach taic airson leasachadh Measaidhean Buaidh Còraichean agus Sunnd Chloinne.
- ag obair le Prìomh Oifigearan RIC, Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean eile gus ath cheuman a leasachadh airson meudachadh comas co-obrachaidhean roinneil airson sàr-mhathas agus cothromas a thabhann don h-uile neach-ionnsachaidh;
- ag obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus Riaghaltas na h-Allba gus dèanamh cinnteach à freagairt èifeachdach do mholaidhean aithisg Buidheann-sgrùdaidh na h-Alba "A' leasachadh bhuilean airson dhaoine òga tro fhoghlam sgoile" (Màrt 2021);
- supporting Digital, Learning and Teaching (including cyber security and Internet Safety & Responsible Use);
- a' cumail suas agus a' toirt taic do thaic didseatach agus seirbheisean (a' gabhail a-steach Glow, SWAN, NeLO agus seirbheisean san àm ri teachd).

**Thar nan còig bliadhna a tha romhainn cuimsichidh ar n-obair san raon seo air:**

- ag obair ann an com-pàirteachas le ar luchd-ùidh gus a bhith a' tabhann taic, stiùireadh, stòrasan agus ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd;
- modhan-obrach eòlas teagaisg;
- 'Cearcall Ionnsachaidh, Teagaisg agus Measaidh' san Fhoghlam Farsaing Coitcheann (a' gabhail a-steach stiùireadh bho OECD);



- cleachdadh èifeachdach de dhàta agus fiosrachadh measaidh;
- measadh thar a' churraicealaim
- ionnsachadh bho agus tro rannsachadh, co-obrachadh agus feòrachas;
- fianais bho rannsachadh, sgrùdadh agus am modh-obrach as fheàrr.

Deatamach do na h-eileamaidean sin tha in-ghabhaltas agus leapachadh de:

- altramas de chruthachaileas agus ùr-ghnàthachadh;
- in-ghabhaltas àrdaichte de 'Sgilean airson an Ama ri Teachd' (meta sgilean);
- eòlas-teagaisg didseatach agus rùrachadh;
- fòcas leantainneach air co-ionannachd, cothromas agus in-ghabhaltachd.

### Bidh na modhan-obrach gus an t-amas seo a choileanadh a' gabhail a-steach:

- lìbhrigeadh de stiùireadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh a tha so-fhreagrach, a dh'aon-ghnothaich agus practaigeach;
- a' dèanamh cinnteach à fios cunbhalach agus co-roinnte de ionnsachadh, teagasg agus measadh;
- a' co-roinn modh-obrach air leth èifeachdach agus a' toirt taic do bhith a' sgaoileadh agus a' cleachdadh thar an t-siostaim.

### Mu 2025 is e ar n-amas gum bi:

- meudachadh sna h-inbhean de chomharrachadh, dèine agus freagairt do 'bheàrnan' leasachadh ann an ionnsachadh agus coileanadh chloinne agus dhaoine òga;
- inbhean, fèin-fhiosrachaidhean agus builean a tha gu seasmhach de dh'àrd-chàileachd do chlann agus daoine òga na h-Alba air an lìbhrigeadh tro ionnsachadh, teagasg agus measadh a tha ath-neartaichte, cunbhalach agus co-roinnte;
- inbhean àrdaichte de chumhachdachadh, cho-obrachadh agus dhol an sàs thidseir ann an ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd, a' dol air adhart gu feòrachas cuimsichte agus leasachaidhean ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh
- an stiùireadh ann an-ionnsachadh practaigeach, teagasg agus measadh air a thabhann le Foghlam Alba a' toirt taic do luchd-cleachdaidh gus fèin-fhiosrachaidhean agus builean an luchd-ionnsachaidh air fad àrdachadh;
- soidhnichean de shiostam ionnsachaidh 'a-steach, a-mach agus air adhart'.

### Ciamar a thomhaiseas sinn seo? KPIan:

- meudachadh san àireamh de luchd-compàirt ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta a' cuimseachadh air cuspairean Ionnsachaidh, Teagaisg agus Measaidh.
- sìor mheudachadh den cho-chuid de luchd-com-pàirteachaidh ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta ag aithris gu bheil e coltach gun cuir iad an sàs an ionnsachadh ann am practas, an dèidh sin a' leasachadh bhuilean do luchd-ionnsachaidh;
- meudachadh san àireamh de dhol an sàs leis na stuthan taic, stiùireadh agus stòrasan Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh aig Foghlam Alba.

### Bidh tomhasan eile a' gabhail a-steach:

- inbhean leasaichte ann am fèin-fhiosrachaidhean luchd-ionnsachaidh, air fhianaiseachadh tro fhianais bho sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail;
- meudachadh san àireamh de shuidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne far a bheil Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh air a luachadh aig 'math' no nas fheàrr na sin;
- fianais de mheudachadh ann an eòlas, misneachd agus tuigse neach-cleachdaidh a thaobh cuspairean Ionnsachaidh, Teagaisg agus Measaidh;
- meudachadh san àireamh de dh'iarrtasan bho sgoil, ùghdarras ionadail agus roinneil/sgìreil co-cheangailte ri Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh (bliadhna air bhliadhna).

# In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan



Buil: Clann, daoine òga, teaghlaichean, agus coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheilear a' cur luach annta agus gu bheil iad air an gabhail a-steach.

Amas: Bidh sinn a' co-obrachadh le raon farsaing de chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann, daoine òga, teaghlaichean agus coimhearsnachdan an làthair, a' com-pàirteachadh, a' faighinn taic agus a' coileanadh. Tha seo a' gabhail a-steach clann, daoine òga agus inbhich a tha a' cur feum air taic a bharrachd.

---

**Tro 2021/22 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air:**

- ag obair ann an com-pàirteachas le prìomh luchd-ùidh gus ionnsachadh proifeiseanta, stòrasan agus cothroman a thabhann ann a bhith a' co-roinn practas a thaobh a bhith a' coileanadh co-ionannas de chothrom dhan fheadhainn aig a bheil feartan dìonte, agus a bhith a' gabhail a-steach bhuidhnean iomallaichte agus so-leònte;
- a' tabhann comhairle agus stiùireadh phroifeiseanta agus a' togail comas airson leasachadh ann am modhan-obrach gus am beàrn buileachaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh a' gabhail a-steach a bhith ag ullachadh airson an ath thriall de Dhùbhlan Coileanaidh na h-Alba;
- ag obair ann am com-pàirteachas le Raighaltas na h-Alba gus na h-ath cheumanan ullachadh airson Dùbhlan Buileachaidh na h-Alba agus Am Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta;
- a' co-obrachadh le com-pàirtichean gus innealan agus ionnsachadh proifeiseanta a thabhann gus dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga an làthair, a' com-pàirteachadh, a' faighinn taic agus a' coileanadh (a' gabhail a-steach sgrùdadh co-ionannachdan de Ean agus Ban, a' cur air bhog a-rithist modalan ionnsachadh proifeiseanta GTCS airson doille fhaclan, a' neartachadh obair co-cheangailte ri slàinte agus sunnd, agus foghlam chàirdeasan);
- a' co-obrachadh leis na sia Co-obraichean Leasachaidh Nàiseanta (RICan) gus prìomhachasan a tha air an cur an cèill sna planaichean leasachaidh aca airson 2021-22 a choileanadh agus co-roinn de phractas èifeachdach àrdachadh thar agus eadar RICan;
- ag obair ann an com-pàirteachas le sgiobaidhean leasachadh roinneil thar tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne, foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile gus taic a thoirt do ionnsachadh taobh a-muigh na sgoile, dol an sàs phàrant agus ionnsachadh teaghlaich a' gabhail a-steach obair le com-pàirtichean treas phàrtaidh.



**Thar nan còig bliadhna a tha romhainn cuimsichidh ar n-obair san raon seo air a bhith:**

- a' goireasachadh dol an sàs brìghmhor le clann agus daoine òga agus a' daingneachadh gu bheil còraichean, mar a tha air a chur an cèill ann an UNCRC a' faighinn taic;
- a' leasachadh agus a' cumail suas coimhearsnachdan de fhoghlamaichean gus goireasachadh builean chloinne, dhaoine òga, theaghlaichean agus choimhearsnachdan;
- ag obair ann an com-pàirteachas le prìomh luchd-ùidh gus stòrasan a cho-chruthachadh, ionnsachadh proifeiseanta a lìbhrigeadh, cothroman a thabhann gus am practas as fheàrr a cho-roinn, agus gus dèiligeadh ri neo-ionannachdan airson na cloinne agus nan daoine òga aig a bheil feartan a tha air an dìon, no a tha iomallaichte agus so-leònte;
- a' toirt taic do chur an sàs reachdais co-cheangailte ri practas in-ghabhalach tro ar n-obair le luchd-cleachdaidh, Riaghaltas na h-Alba, an treas earrann, agus luchd-ùidh iomchaidh eile;
- a' toirt taic do shlàinte inntinn agus sunnd chloinne, dhaoine òga, an teaghlaichean agus coimhearsnachdan le bhith a' co-chruthachadh stòrasan de dh'àrd-chàileachd agus ionnsachadh proifeiseanta;
- ag obair gu co-obrachail thar Foghlam Alba, agus le feadhainn eile, gus modhan-obrach coitcheann a leasachadh airson na cloinne agus dhaoine òga air fad, agus eadar-mheadhanachdan cuimsichte airson luchd-ionnsachaidh a tha feumach air taic a bharrachd gus builean ionnsachaidh a leasachadh;
- a' stiùireadh ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach Foghlam Alba air fad a bhith a' togail mothachadh mu phrìomh raointean de in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;
- a' brosnachadh thagraichean bho cùl-raointean diofraichte gus cur ri suidheachaidhean taobh a-staigh Foghlam Alba agus gus com-pàirt a ghabhail nar n-prògraman ionnsachaidh agus ceannardais;
- a' toirt a-steach iallan-obrach ùra ùr-ghnàthachais, cruthachaileachd agus com-pàirteachas a mheudachadh gus an amais cruinnichte aig luchd-foghlaim na h-Alba a neartachadh airson am beàirn sa coileanadh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh

**Mu 2025 is e ar n-amas gum bi:**

- stòrasan a tha a cheana air an Hub Leasachaidh Nàiseanta airson taic a thoirt do phractas in-ghabhalta luchd-cleachdaidh a bhios air ath-ùrachadh gus cunntas a ghabhail den bhuaidh aige agus ionnsachadh air a thoirt bho COVID 19;
- na cothroman ionnsachaidh proifeiseanta, na coimhearsnachdan de luchd-foghlaim agus ar luchd-obrach air leantainn air adhart gu meudachadh ann am mothachadh, tuigse, eòlas agus sgilean a thaobh in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;
- meudachadh ann an cothrom aig pàrantan agus luchd-cùraim gu fiosrachadh agus taic a thaobh in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;
- co-obrachadh leasaichte mu in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan thar Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba agus le com-pàirtichean;
- in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan air an amalachadh mar phàirt de thaicean coitcheann air an tabhann le Foghlam Alba;
- barrachd thagraichean bho dhiofar chùl-raointean air cur a-steach gu soirbheachail airson dreuchdan aig Foghlam Alba agus a' com-pàirteachadh ann am prògraman ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardais.

**Ciamar a thomhaiseas sinn seo? KPIan:**

- àireamh de chothroman ionnsachaidh proifeiseanta cuimsichte air prìomh raointean de in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;



- àireamh de luchdachaidhean a-nuas de stòrasan agus eisimpleirean de dheagh phractas;
- co-roinn de luchd-com-pàirt ionnsachadh proifeiseanta a bhios ag aithris mu mhothachadh, tuigse, eòlas agus sgilean a thaobh nam prìomh raointean de in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;
- co-roinn de luchd-com-pàirt ionnsachadh proifeiseanta a tha a' comharrachadh gu bheil e coltach gun cuir iad an ionnsachadh an sàs.

## Bidh tomhasan eile a' gabhail a-steach:

- inbhean leasaichte tro àireamh mheudaichte de shuidheachaidhean tràth ionnsachaidh agus cùraim chloinne agus sgoiltean far a bheil sunnd, cothromas agus co- Leasachadh Roinneil ionannachdan air an luachadh mar 'math' no nas fheàrr;
- an àireamh de dhol an sàs le com-pàirtichean mu phrìomh raointean de in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;
- an àireamh de phlanaichean Sgioba Leasachadh Roinneil agus Leasachadh Co-obrachail Roinneil a bhios a' gabhail a-steach aithris mu phrìomh raointean de in-ghabhaltas, sunnd, cothromas agus co-ionannachdan;
- an àireamh de Mheasaidhean Co-ionannas (EWIA) agus Measaidhean Buaidh Chòraichean agus Sunnd Chloinne (CRWIA) air an ullachadh;
- an co-roinn de luchd-obrach Foghlam Alba le aon no còrr de fheartan air an dìon;
- an co-roinn de luchd-com-pàirt ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardais le aon no còrr de fheartan air an dìon;
- an co-roinn de luchd-obrach ES a tha a' cur freagairt gu Sgrùdadh Daonna an t-Seirbheis Chatharra a tha ag aithris gu bheil iad air leth-bhreith san àite-obrach fhulang agus air feart dìonte a chomharrachadh mar a bhith a' cur ri seo;
- an co-roinn de luchd-obrach ES a tha a' cur freagairt gu Sgrùdadh Daonna an t-Seirbheis Chatharra a tha ag aithris gu bheil am buidheann a' toirt urram do dhiofaran fa leth me cultaran, stoidhlean obrach, cùl-raon msaa.



# An fheum as fheàrr de Fhianais



Buil: Bheir Foghlam Alba taic don t-siostam a bhith a' cruinneachadh, ag anailiseadh, a' luachadh agus a' co-roinn seata aontaichte de
dhàta uimhireil agus chàileachdail, a' gabhail a-steach luachadh neo-eisimeileach on taobh a-muigh.

Amas: fianais agus luachadh neo-eisimeileach a chleachdadh gus soirbheachas a chomharrachadh, taic a thoirt do leasachadh agus
inbhean foghlam na h-Alba àrdachadh; agus a dhol an sàs ann an conaltraidhean mu chàileachd foghlaim ann an stèidhean fa leth, gu roinneil, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

**Tro 2021/22 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air a bhith:**

- a' toirt taic do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail, tro chonaltradh proifeiseanta rè ghnìomhan sgrùdaidh gus dèanamh cinnteach à prìomhachasan airson leasachadh airson faighinn thairis air COVID-19 stèidhichte air modhan-obrach làidir fèin-luachail agus èifeachdach a thaobh leasachadh càileachdail;
- a' toirt taic do thuilleadh leasachaidh agus cur an sàs de phrògram de Leasachaidhean Co-obrachail ùghdarrais ionadail ann an com-pàirteachas le ADES;
- a' toirt comhairle agus taic do sgoiltean air na prìomhachasan aca a thaobh leasachadh a bhios a' gabhail cunntas air fianais mar phàirt de bhith a' faighinn thairis air COVID-19 tro phrògram de oideachadh-lìn nàiseanta;
- a' co-roinn eisimpleirean de mhodh-obrach air leth èifeachdach a' nochdadh mar a tha stèidhean air atharrachaidhean a dhèanamh air fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh agus air a' churraicealam gus dèiligeadh ri buaidh COVID-19;
- a' co-roinn fianais de èifeachdas eadar-mheadhanachdan air an cur an sàs le stèidhean gus dèiligeadh ri buaidh COVID-19 agus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh;
- a' tabhann fianais tro ghnìomh sgrùdaidh neo-eisimeileach mu bhuaidh ceannardais air a bhith a' dèiligeadh ri buaidh COVID-19;

- a' gabhail os làimh lèirmheasan cuspaireil nàiseanta mar phàirt den Ro-innleachd Ath-shlànachadh Foghlaim gus taic a thoirt do leasachadh agus gus comharrachadh dè a tha ag obair gu math agus modh-obrach a tha air leth èifeachdach. Comharraichidh iad cuideachd raointean far a bheil feum air tuilleadh leasachaidh.

### Thar nan còig bliadhna a tha romhainn cuimsichidh ar n-obair san raon seo air:

- ag àrdachadh anailis agus cleachdadh èifeachdach de raon de fhianais mar a bhith aig teis-mheadhan fèin-luachadh agus leasachadh leantainneach;
- ag aontachadh prìomh dhàta agus fianais gus taic a thoirt do leasachadh siostaim;
- a' co-obrachadh le com-pàirtichean gus taic a thoirt don t-siostam a bhith a' cruinneachadh agus a' cleachdadh dàta, fianais agus luachadh neo-eisimeileach nas èifeachdaiche;
- a' tabhann luachadh neo-eisimeileach agus barantas mu chàileachd foghlaim gu h-ionadail, nàiseanta agus aig ìre gach sgoil;
- a' tabhann leasachadh proifeiseanta thar an t-siostaim mar a bhith a' cleachdadh dàta gu h-èifeachdach agus fianais gus taic a thoirt do leasachadh;
- a' dèanamh feum èifeachdach de fhèin-luachadh buidhne agus fèin-luachadh neo-eisimeileach gus ar n-obair a stiùireadh agus a leasachadh;
- a' leasachadh siostaman gus dèanamh cinnteach gu bheil an fhianais air fad agus an dàta air a stòradh gu furasta agus sàbhailteachd, agus a tha furasta fhaighinn
- a' leasachadh innealan iomchaidh gus anailis a dhèanamh air dàta agus fianais ann an grunnan dhòighean;
- dàta agus fianais mun t-siostam a thaisbeanadh ann an dòigh a tha càirdeil dhan neach-cleachdaidh;
- a' toirt taic do dh'àrdachadh comas rannsachaidh foghlam na h-Alba.

### Mu 2025 is e ar n-amas gum bi e comasach do cho-obraichean thar an t-siostaim:

- cruinneachadh, stòradh agus faighinn dàta agus fianais gu furasta;
- anailiseadh agus luachadh dàta agus fianais gu h-èifeachdach mar phàirt de fhèin-luachadh gus fios a chur ri leasachadh agus buaidh air builean a chomharrachadh airson luchd-ionnsachaidh;
- Sealladh làidir agus cearrt a bhith agaibh de leasachadh ann an diofar cho-theacsan.

### Ciamar a thomhaiseas sinn seo?

### KPlan:

- àireamh de chothroman leasachaidh phroifeiseanta a' cuimseachadh air a bhith a' cleachdadh fianais (luchd-ùidh on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh);
- co-roinn de luchd-com-pàirt proifeiseanta a bhios



ag aithris mu mheudachadh ann an eòlas, mothachadh, tuigse agus sgilean a thaobh a bhith a' cleachdadh fianais;

- an àireamh de sgrùdaidhean air am planadh a tha air an coileanadh thar diofar earrannan;
- an ceudad de cheannardan-sgoile/suidheachaidh a tha ag aithris gu bheil an conaltradh proifeiseanta le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh rè an sgrùdaidh air an sgoil/suidheachadh a chuideachadh ann a bhith a' dèanamh leasachaidhean;
- an ceudad de cheannardan-sgoile/suidheachaidh a tha ag aithris gu bheil an sgoil/suidheachadh air atharrachaidhean a dhèanamh mar fhìor thoradh air an sgrùdadh;
- an ceudad de cheannardan-sgoile/suidheachaidh a tha ag aithris gu bheil an sgoil/suidheachadh air toraidhean an sgrùdaidh a chleachdadh gus cur ri planadh fèin-luachaidh agus leasachaidh;
- àireamh de dhol an sàs le eisimpleirean de mhodhan-obrach àrd-èifeachdach

---

**Bidh tomhasan eile a' gabhail a-steach:**

- àireamh de dhol an sàs le luchd-ùidh mu chleachdadh fianais;
- an co-roinn de luchd-com-pàirt leasachadh proifeiseanta a tha a' comharrachadh gu bheil iad air an ionnsachadh a chur an cèill;
- an co-roinn de luchd-obrach Foghlam Alba a tha ag aithris mu mheudachadh ann an eòlas, misneachd, agus sgilean a thaobh a bhith a' cleachdadh fianais;
- an co-roinn de luchd-obrach Foghlam Alba a tha ag aithris mu mheudachadh ann an cothrom air fianais.





# Lèirsinn, Luachan is Dòigh-giùlain



Buil: Tha luchd-obrach Foghlam Alba a' faireachdainn gu bheilear a' cur luach annta is gu bheil iad air an cumhachdachadh is air an dèiligeadh riutha gu math.

Amas: Foghlam Alba a dhèanamh mar dheagh àite a bhith ag obair ann.

**Tro 2021/22 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air a bhith:**

- a' dèanamh cinnteach gu bheil ar luchd-obrach fiosraichte, an sàs agus air an comhairleachadh rè an ath-leasachadh foghlaim ann an Alba;
- a' leasachadh agus a' cur an sàs ro-innleachd gus taic a thoirt do chultar de mhodh-obrach dheimhinneach thar na buidhne air fad;
- a' cur an sàs ro-innleachd conaltraidh agus dol an sàs air an taobh a-staigh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman air an toirt don luchd-obrach air fad a bhith a' conaltradh, a' dol an sàs, a' co-roinn agus ag obair le co-obraichean thar na buidhne;
- a' cur an sàs prògram coidsidh, sgàile agus meantoraidh airson an luchd-obrach air fad;
- a' gabhail os làimh ùrachadh iomlan de ar làrach-lìn corporra;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil ar luchd-obrach a' faireachdainn sàbhailte agus a' faighinn taic an uair a bhios iad a' tilleadh air ais gu oifisean agus a' tòiseachadh air dol an sàs agus tadhail aghaidh ri aghaidh;
- a' leasachadh nan siostaman didseatach agus nan stòrasan a dh'fheumas sinn airson taic a thoirt don obair a tha sinn a' dèanamh;
- a' leasachadh nam pròiseasan againn gus nas urrainn dhuinn fhaighinn às na stòrasan sin agus an cur an sàs nas fheàrr leis a' ghnothachas;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil ar deilbh den t-seirbheis a' cur ar luchd-cleachdaidh aig teis-mheadhan na tha sinn a' dèanamh agus a' cuimseachadh air a bhith a' deilbh còmhla ris na daoine a tha a' cleachdadh ar seirbheisean agus a' faighinn cothrom air ar stòrasan, a' gabhail a-steach ar luchd-obrach.



## Thar na h-ùine de chòig bliadhna bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air a bhith:

- a' dèiligeadh ri cùisean burraidheachd agus sàrachaidh;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan HR air an cur an sàs gu cunbhalach agus gu cothromach thar na buidhne;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad a' co-roinn agus a' gabhail ris an lèirsinn agus an adhbhar;
- a' meudachadh cumhachdachadh an luchd-obrach ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh;
- ag adhartachadh obrachadh thar-buidhne agus co-obrachadh;
- a' dèanamh cothroman ionnsachaidh comasach do na h-uile;
- ag aithneachadh neartan luchd-obrach fa leth thar na buidhne;
- cothroman adhartais soilleir agus seasmhach a bhith ann do na h-uile.

## Mu 2025 is e ar n-amas gum bi:

- buaidh dheimhinneach air a bhith aig ath-leasachadh foghlam air obair na buidhne agus gu bheil an luchd-obrach deimhinneach mun phròiseas agus a' bhuil;
- na co-obraichean air fad ag obair taobh a-staigh àrainn-obrach shàbhailte, fhallain agus thaiceil gu fiosaigeach agus gu saidhceòlach;
- cothrom aig na co-obraichean air fad air cothroman ionnsachaidh agus leasachaidh chothromach gus taic a thoirt don leasachadh proifeiseanta aca agus adhartas nan dreuchd;
- na co-obraichean air fad soilleir agus misneachail nan dreuchd, a' faireachdainn gu bheilear gan luachadh agus gu bheil iad air an cumhachdachadh gu bhith a' stiùireadh;
- cothrom aig na co-obraichean air fad air faighinn gu agus a dhol an sàs ann am fiosrachadh de dh'àrd-chàileachd aig an àm agus san àite cheart le cothroman a bhith a' co-roinn agus a' co-obrachadh.

## KPIan:

- ìrean de dh'atharrachadh agus gleidheadh luchd-obrach;
- an ceudad de luchd-obrach ES ag aithris nach robh e comasach dhaibh na cothroman-ionnsachaidh agus leasachaidh ceart fhaighinn an uair a bha feum aca orra;
- an ceudad de luchd-obrach ES ag aithris gun robh na gnìomhan ionnsachaidh agus leasachaidh a chaidh a chrìochnachadh aig ES air a bhith feumail a thaobh leasachadh dreuchd;
- an ceudad de luchd-obrach ES ag aithris gu bheil na h-innealan aca airson an obraichean a dhèanamh gu h-èifeachdach;
- an ceudad de luchd-obrach ES ag aithris gu bheil am fiosrachadh a dh'fheumas iad aca airson an obraichean a dhèanamh gu math.

## Bidh tomhasan eile a' gabhail a-steach:

- àireamhan/ceudadan de luchd-obrach a' crìochnachadh an treànadh agus an ionnsachadh barantaichte;
- an àireamh de luchd-obrach a' dol an sàs le cothroman gus ceangal agus co-roinn;
- lùghdachadh ann an làithean nach robhar ag obair mar thoradh air luchd-obrach a bhith far an dreuchd;
- ìrean de mhisneachd luchd-obrach, toileachas agus riarachadh nan dreuchd;
- adhartas agus àrdachadh luchd-obrach (a-staigh agus air an taobh a-muigh).

# Geàrr-chunntas Luchd-gnìomha

## An Curraicealam

Buil: Tha leasachadh agus deilbh curraicealam làidir, seasmhach agus so-fhreagrach, agus mar thoradh air seo bidh builean leasaichte ann airson luchd-ionnsachaidh.

Amas: Obraichidh sinn le com-pàirtichean gus deilbh agus leasachadh curraicealaim a neartachadh. Tha cleachdadh àrd-èifeachdach de mhodh-obrach curraicealaim air a mhìneachadh gu soilleir, agus air a thuigse airson co-theacsan agus suidheachaidhean ionadail.

## In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachd

Buil: Gum bi clann, daoine òga, teaghlaichean agus coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheilear a' cur luach annta agus gu bheil iad air an gabhail a-steach.

Amas: Co-obraichidh sinn le raon farsaing de co-obraichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann, daoine òga teaghlaichean agus coimhearsnachdan an làthair, a' com-pàirteachadh, a' faighinn taic agus a' coileanadh (a' gabhail a-steach clann, daoine òga agus inbhich a tha a' cur feum air taic a bharrachd).

## Ionnsachadh, teagasg agus measadh

Buil: Bidh a' chlann agus na daoine òga air fad a' meudachadh an soirbheachasan agus an coileanaidhean.

Amas: Gus comharrachadh, leasachadh agus adhartachadh ro-innleachdan airson ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd, teagasg agus measadh a tha àrd-mhiannach agus a' coimhead air adhart.



## Lèirsinn, Luachan is Dòigh-giùlain

Buil: Luchd-obrach Foghlam Alba a' faireachdainn gu bheilear a' cur luach annta, air an cumhachdachadh agus air an dèiligeadh riutha gu cothromach.

Amas: Gus Foghlam Alba a dhèanamh mar dheagh àite-obrach.

## Am Feum as Fheàrr de Fhianais

Buil: Bheir Foghlam Alba taic don t-siostam gus cruinneachadh, anailis, luachadh agus co-roinn seata aontaichte de dhàta uimhireil agus chàileachdail a' gabhail a-steach luachadh neo-eisimeileach on taobh a-muigh.

Amas: Gus fianais agus luachadh neo-eisimeileach a chleachdadh gus soirbheachas a chomharrachadh, taic a thoirt do leasachadh agus inbhean àrdachadh ann am foghlam na h-Alba agus a dhol an sàs ann an conaltraidhean mu chàileachd an fhoghlaim ann an stèidhean fa leth, gu roinneil, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

## Ceannardas Siostaim

Buil: Tha e comasach do stiùirichean a bhith ag obair gu h-eifeachdach ann an suidheachaidhean de mhòran neo-chinnt agus iom-fhillteachd.

Amas: Gus gnìomh coitcheann a leasachadh mu chùisean iom-fhillte, siostamach.

Education Scotland
Foghlam Alba

Foghlam Alba, Taigh Denholm
Pàirc Gnothachais Almondvale
Way Baile Dhunlèibhe EH54
6GA
F +44 (0)131 244 4330
P-d : enquiries@educationscotland.gov.scot
www.education.gov.scot

© Dlighe a' Chrùin, 2021

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (ach na dealbhan is suaicheantasan) ath-chleachdadh gu saor 's an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo Cheadachas an Riaghaltais Fhosgailte fhad 's a thèid ath-chleachdadh gun mhearachd agus chan ann air dòigh mheallta. Feumar aithneachadh gur ann aig Foghlam Alba a tha a' chòir-lethbhreac, agus feumar tiotal na sgrìobhainne a nochdadh.

Gus an ceadachas fhaicinn, tadhail air: http://nationalarchives.gov.uk/doc/ air
neo cuir post-dealain gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air còir-lethbhreac aig treas-phàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn on fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac.

Foillsichte Iuchair 2021

